

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 6 GEARRAN 2020

An làthair:	Rod Mackenzie	Neach-gairm
	Andy Holt	Coimiseanair
	Mairi Mackenzie	Coimiseanair
	Malcolm Mathieson	Coimiseanair
	Iain Maciver	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Billy Neilson	Coimiseanair
	Cyril Annal	Coimiseanair
	James Scott	Coimiseanair
	Bill Barron	Àrd-oifigear
	Mary Ross	Ceannard Obrachaidhean is Sgioba
	Aaron Ramsay	Ceannard Didseatach is Leasachadh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Taic Riaghlaidh
	Jane Thomas	Ceannard Gèillidh is Geàrr-chunntas
	Betty Mackenzie	Manaidsear Conaltraidh
	Gerry McGarry	Ball den luchd-obrach
	Jacqueline MacBean	Ball den luchd-obrach

1 LEISGEULAN AGUS FÀILTE

Cha robh leisgeulan sam bith ann agus chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh, ann an Gfàidhlig agus an uair sin ann am Beurla.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh neach sam bith airson com-pàirt fhoillseachadh. Cha deach com-pàirt sam bith a nochdadh sa phàirt phoblaich den choinneamh.

3 GEÀRR-CHUNNTAS NA COINNEIMH BÙIRD AIR 28 SAMHAIN 2019

Bha aonta air a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 28 Samhain 2019 air post-d agus fhoillseachadh air an làraich-lìn. Chaidh a thoirt don choinneamh airson fiosrachadh a-mhàin. Cha robh ceistean sam bith ann.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Tharraing an Coimiseanair Nielson aire gu pàirt den Gheàrr-chunntas (nì 13) a bha ag ràdh gun robh Coimiseanair air 'fèin-dhearbhadh' gu robh iad litearra ann an IT aig àm seasamh airson taghadh don Choimisean, a' creidsinn nach robh seo ceart.

Chaidh a dhaingneachadh gu bheil làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba ag aithris gu bheil sgilean IT "àrd-iarrtach" do neach sam bith a' gabhail dreuchd. Dh'aontaich an Coimisean nach robh seo ga dhèanamh deatamach. Dh'aontach an t-Oifigear Inbhean

feuchainn ri lethbhreacan de na meatragsan sgilean a lorg a bha crìochnaichte le Coimiseanairean.

Bha ùr-fhiosrachadh aig a' Cheannard Taic Riaghlaidh mu chùis a chaidh a dheasbad aig a' choinneamh Bùird mu dheireadh, ach on a chaidh seo a chòmhdach san t-seisean dhùinte, chaidh an t-ùr-fhiosrachadh a thoirt seachad aig Nì 14.

5 ÙRACHADH FIOS BHO CHOIMISEANAIREAN 'TIMCHELL A' BHÙIRD'

Ron choinneamh, bha an Neach-gairm air iarraidh air Coimiseanairean an earrann seo den choinneamh Bùird a chleachdadh gus an lèirsinn phearsanta fhèin do chroitearachd a thoirt seachad.

Mheòraich an Neach-gairm gu bheil am Bòrd làithreach air a bhith cruinn airson 3 bliadhna a-nis agus gun do thog e ùine an toiseach fàs eòlach air na h-obrachaidhean agus gnìomhan a' Choimisein agus àite an NDPB. Le 2 bhliadhna air fhàgail, bha an t-àm ceart airson cuimseachadh air an àm ri teachd. Tha dùbhlain cudromach aig croitearachd agus aig a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan ach faodaidh croitearachd a bhith mar phàirt den fhuasgladh.

Seach atharrachadh bunasach, is dòcha gu bheil feum air croitearachd ath-bhrannadh le cuideam air nas urrainn dha a libhrigeadh ann am mìltean bìdh, gleidheadh àireamh-sluaigh, atharrachadh gnàth-shìde agus adhartas a dh'ionnsaigh àm teachdail saor bho chàrbon, le croitean air an ruith gu seasmhach agus cothroman air pròiseactan cumhachd ath-nuadhachail air bheag-sgèile.

Tha fuasglaidhean ann mar-thà a thaobh buaidh air bith-iomadachd shiostaman stuic farsaing agus cothroman ann an seagh turasachd nàdair. Ach a bharrachd air nithean deimhinneach a dh'fhaodar adhartachadh, tha duilgheadasan ann an croitearachd leis am feumar dèiligeadh, leithid mì-fheum agus dearmad air croitean, an t-adhbhar gu bheil obair dhleastanasan cho cudromach. Mas e fearann an so-mhaoin as motha a th' aig croitearachd, feumar coimhead às a dhèidh gu cùramach agus bu chòir don Choimisean toiseachadh ag adhartachadh àm teachdail croitearachd do Mhinistearan na h-Alba.

Dh'aontaich Coimiseanair Mathieson leis gach nì air an robh an Neach-gairm air a thogail. Bha e airson cuideam a chur air an duilgheadas an lùib croitean neo-tharbhach aig àm nuair a bu chòir dhuinn a bhith a' fàs barrachd bìdh agus a' lùghdachadh mìltean bìdh. Thuir e gu bheil Alba a' toradh 167% de a feumalachdan uan-fheòil fhèin ach bìdh cosgais às-mhalairt uan-fheòil ag èirigh, mar sin bìdh buaidh àicheil aig an seo air croitearan. Air an làimh eile, tha toradh mart-fheòil mòran nas ìsle agus tha feòil bho chrodh a tha beò air feur, a' fàs ann am meas. Tha seo a' riochdachadh cothrom ach bìdh bacadh air ma dh'dheumar feur in-mhalairt. Dh'fhaodadh gur e margaid a tha a' fàs a th' ann an bhìoganachd, ach tha tòrr den bhìadh a tha stèidhichte air plannt air in-mhalairt, mar sin dh'fhaodadh na meadhanan leum air. Tha croitearachd ag atharrachadh ach cò tha a' diùlnachadh croitearachd? Bu chòir seo a bhith mar dhleastanas air a' Choimisean ach airson sin a dhèanamh feumaidh am Bòrd a bhith dàna agus dèanamh cinnteach gu bheil a phrìomhachasan ceart. Mar eisimpleir, thug an Coimiseanair Mathieson fa-near, nuair a tha goireasan luchd-obrach gann, gu bheil oifigearan le eòlas air an gluasad bho obair dhleastanasan gus cuideachadh ann an raointean riaghlaidh eile.

Bha lèirsinn dhearbhadh aig Coimiseanair MacIomhair air croitearachd mar shiostam de chleachdadh fearainn gnìomhach, cultar is dualchas beòthail, le croitearachd air fhighe a-steach do chridhe nan coimhearsnachdan dùthchail. Ach chunnaic e mar shiostam cleachdadh fearainn, gun robh feum acasan a bha gu gnìomhach a' croitearachd air diùlnach agus dh'fhaighnich e am biodh an Coimisean na dhiùlnach mar sin. Dh'fhaighnich e a bheil dìoghras sna coimhearsnachdan mu chroitearachd

agus mu choinneamh an ama ri teachd, no am feum e a bhith san fhuil aig neach airson a dhèanamh soirbheachail.

Chuir an Coimiseanair Nielson cuideam air an fheum a bhith sùbailte, gun a bhith ro òrdachail no croitearan a chuingealachadh. Ma dh'fhàsas cùrsa gnìomha gu bhith neo-shùbailte, faodaidh builean àicheil èirigh às. Tha lèirsinn a' mean-fhàs agus glè thrìc tha e cosgail mearachdan a chur ceart. Mheòraich e gun robh e trom-iintinneach a bhith a' faicinn àite a' Choimisein ag ìsleachadh nuair a chaill e an dreuchd Leasachaidh, agus tha e a' coimhead air adhart ri fhaicinn a' tilleadh gus an urrainn don bhuidhinn croitearachd ghnìomhach a bhrosnachadh. Tha a' chùis an lùib seasmhachd chroitean co-cheangailte ri trioblaid dearmaid. Na bheachd-san, tha croitearan a' coimhead ris a' Choimisean airson an dìon. Ach airson seo a dhèanamh, feumaidh am buidheann a bhith air a ghoireasachadh ceart. Feumaidh e a bhith nas motha. Agus tha e a' creidsinn gur e luchd-obrach a' Choimisein na daoine aig a bheil fuasglaidhean, mar sin bu chòir reachdas sam bith san àm ri teachd tòiseachadh le co-chomhairleachadh dlùth le luchd-obrach. Tha e a' faicinn dreuchd nan Coimiseanairean mar thosgair a' dèanamh conaltradh ri luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach mheasadairean. Air an talamh, tha beàrnann sgilean cudromach sna sgìrean croitearachd. Tha seo a' cur bacadh air gleidheadh àireamh-sluaigh. Tha àiteachas air sgèile bheag fo chuideam, le cosgais bìdh mòran nas ìsle san RA na ann an Sealan Nuadh, mar eisimpleir. Mu dheireadh, tharraing e aire gu an fhiosrachadh nach eil 80% de chroitearan air an riochdachadh le buidheann ballrachd, an t-adhbhar gu bheil dreuchd ceannardais a' Choimisein cho cudromach.

Bha Coimiseanair Annal a' cur na ceist a bheil croitearachd air smachd a chall air fhèin. Na bheachd-san, chan eil croitean beaga a' toirt bith-beò don chroitear agus chan eil daoine òga ann gus na caoraich a thrusadh, mar sin ciamar as urrainn an gleidheadh ann an sgìrean croitearachd. Mura h-urrainn dhaibh bith-beò a dhèanamh bhon chroit, feumaidh iad cothrom fhaighinn air gnìomhachas agus uidheaman taic. Nochd e dragh mu dheidhinn cho duilich 's a tha e croitean a reic air sgàth duilgheadas le co-thaobhadh bhon Achd 2010. 'S e dòigh air rùintean nan croitearan fhuasgladh a tha e airson fhaicinn.

A thaobh Coimiseanair Mackenzie, 's e daoine cleachdte ris a' ghnàth-shìde a th' ann an croitearan a tha airson an cruth-tìre a chumail do na ginealaichean ri teachd, a' ceangal a-steach do clàr-gnòthaich an riaghaltais. Tha an dòigh sa bheil iad a' cleachdadh an fhearainn a' gleidheadh bith-iomadachd agus tha buaidh dheimhinneach aig an cleachdaidhean a thaobh stuic. Feumaidh sinn caoraich is crodh a stiùireadh gu bhith a' fuireach air na cnuic agus smaoinneachadh mu dheidhinn cleachdadh a' ghnìomhachais air stuthan plastaig, agus tha an t-àm aig a' Choimisean a bhith na phàirt den deasbad air atharrachadh gnàth-shìde. Air ais ann an 2011, tha i air a thoirt fa-near gun do dh'iarr buidheann eile mìltean de chroitean ùra a chruthachadh, ach cha do thachair dad mun seo. Ged a dh'fhaodadh sin a bhith neo-phractaigeach, bu chòir dhuinn dlùth-aire a chur barrachd air obair dhleastanasan gus a dhèanamh cinnteach gu bheil barrachd de na croitean làithreach air an cumail agus air an obrachadh gu gnìomhach. Mar phàirt de chlàr-obrach atharrachadh na gnàth-shìde, bu chòir dhuinn a bhith a' brosnachadh fàs air barrachd chrìosan fasgaidh air croitean gus toradh a chuideachadh agus an àrainneachd a chuideachadh. Bu chòir dhuinn a bhith a' cur taic ri ath-bheothachadh air fearann-coillteach le stiùireadh àrainneachdail daingeann agus gluasad gu sgrùdadh càrboin air croitean. Coltach ri Coimiseanairean eile, bha i airson daoine òga fhaicinn an sàs ann an croitearachd ach bha i a' tuigsinn an rùn no an fheum air gluasad air falbh airson obair no foghlam. Tha e cudromach a thuigsinn gun urrainn don obraiche ola, mar eisimpleir, cur gu deimhinneach ri croitearachd.

Airson an ama ri teachd, feumaidh an dòigh sa bheil a' faicinn àiteachas atharrachadh, le gluasad air falbh bho thaic-airgid a dh'ionnsaigh taic àrainneachdail.

Chitheadh lèirsinn Comiseanair Scott croiteareachd air a riaghladh cho math agus nach biodh feum air a' Choimisean a bhith ann. Chuir e ìmpidh air co-obraichean beachdachadh air mar a tha croitearachd diofraichte agus gun cus cuideam a chur air nithean nach bi fasanta ach airson ùine gheàrr. Is e an fhìor dhìofar as urrainn croitearachd a dhèanamh 's ann an stiùireadh fearainn airson buannachdan àrainneachdail. Tha e doirbh don bhuidhinn lèirsinn aon-sligheach aontachadh oir tha sinn à diofar sgìrean le beachdan is eòlasan diofraichte. Tha an co-theacs seo ga dhèanamh dùbhlach dhuinn mar riaghladair. Tha mòran bheachdan matha a-muigh an sin agus dòighean air eadar-dhealachadh a dhèanamh, mar eisimpleir, nam biodh e comasach do shealbhadair croite croitean ùra a chruthachadh nach biodh ach ann an gabhantas, agus a' toirt air falbh còir cheannach, dh'fhaodadh gum faiceadh sinn cus a bharrachd gan cruthachadh. Mu dheireadh, cheasnaich e an luach san àm ri teachd airson an t-seòrsa seallaidh 'deagh bheatha' air croitearachd, a' cur ceist a bheil buailteachd ann grèim a chumail air na dh'fhalbh roimhe.

Roinn Comiseanair Holt a lèirsinn air croitearachd ann an 4 cinn:

- An lagh
- Traidisean
- A' mhargaid
- Croitearan

Tha an lagh a' dìon ach a' cuibhreachadh croitearachd agus tha feum deatamach aige air a shìmpleachadh. Is e neart mòr a th' ann an traidisean, a' toirt leantainneachd tarsainn ghinealaichean a bhios a' cruthachadh ceangal ris an fhearann agus na coimhearsnachdan. Tha a' mhargaid buntainneach do chroitearan, a tha air sealltainn ma tha iad airson soirbheachadh, gum feum iad cothroman tionnsgaineach a ghabhail. Agus leanaidh iad orra ag atharrachadh. Tha mòran den fhearann air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan fo stiùbhardachd chroitearan is oighreachdan mòra, airson math no dona. Aig an ìre seo, tha croitearan a' faireachdainn gu bheil iad air an toirt an grèim le measgachadh de 'ghluasadan' (uaine, bhìogan, ath-fhiadhachadh), a tha a' cruthachadh cuideam uabhasach.

Mheòraich Coimiseanair Holt gu bheil e a' faicinn barrachd ùidhe a' fàs ann an làraichean thaighean agus coimhearsnachdan a' dol am mìosad, le barrachd às-làthaireachd. Tha am fearann air a thighinn gu bhith na bhathar, air a phrìseadh ro àrd le gabhantasan daor, air nach urrainn daoine òga ruighinn. Bu mhath leis siostam fhaicinn far am feum croitearan a bhith a' fuireach air no faisg air a' chroit aca agus cothromachd eadar teachd-a-steach is prìsean bìdh a thoirt air ais. Bu chòir luach a chur air croitearan agus na tha iad a' toradh. Tha feum againn air pròiseas nas luaithe airson dèiligeadh ri obair dhleastanasan, gus croitean a shaoradh do dhaoine a tha airson an obrachadh seach iad a bhith ann an làmhnan dhaoine nach eil a' dèanamh dad leotha. Bu mhath leis barrachd cuideim fhaicinn air foghlam mu chroitearachd, an dà chuid bho shealladh practaigeach le barrachd chùrsaichean agus cuideachd barrachd obair acadaimigeach. Agus le ìomhaigh croitearachd air a h-àrdachadh, bu chòir seirbheis maidsidh fearann a bhith ann gus luchd-inntrigidh a chuideachadh.

A thaobh a' Choimisein fhèin, b' fheàrr le Coimiseanair Holt am buidheann ath-ainmeachadh agus tilleadh gu Coimisean nan Croitearan, còmhla ri ath-structaradh air an taobh a-staigh, agus prìomh mheadhan na buidhne a bhith stèidhichte ann an Inbhir Nis le 4-5 oifisean ionadail ann an sgìrean croitearachd, 's dòcha gan roinn le sgiobaidhean RPID, ag argamaid gun lùghdaicheadh seo tionndadh air luchd-obrach agus gum meudaicheadh e roinn air eòlas.

Mu dheireadh, cheasnaich Coimiseanair Campbell a bheil croitearachd gu làithreach a' lìbhrigeadh gu leòr a rèir na h-oidhirp a thathar a' cur ann, le croitearan nan co-chuid glè bheag de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba. Chan eil roinn sam bith eile air a riaghladh cho làidir agus mar sin bu chòir don Choimisean a bhith a' toirt a lèirsinn bho na croitearan fhèin, agus chan ann bho na 9nar timcheall a' bhùird.

Ma bheir an Coimisean a dhreuchd bhon Achd, tha e ag innse dhuinn dè tha an riaghaltas ag iarraidh, agus 's e sin gleidheadh àireamh-sluaigh ann an sgìrean iomallach. Tha sealbh air fearann na chumhachd ach tha còmhnaidheachd na chumhachd cuideachd. Tha cumhachd glè thrì aig croitearan nan coimhearsnachdan oir tha iad an sàs san fhearann.

Ma tha an Coimisean airson diofar a dhèanamh, feumaidh e a bhith deiseil airson a bhith radaigeach. Tha an siostam croitearachd agus an co-chomann a' gluasad ann an diofar àirdean; chan eil croitearachd air cumail suas. Còmhla, feumaidh sinn croitearachd a chleachdadh gus seirbheisean sna coimhearsnachdan a dhìon agus a thaic, gus cuideachadh le co-chomann nas cothromaich a thogail gus an urrainn do dhaoine a bhith beò agus soirbheachadh ann an Unst cho math ri Dùn Èideann. Feumaidh an Coimisean a bhith fada nas taiceil do dh'iomadachd, ag adhartachadh chroitean nas lugha, ag obair le Ùghdarrasan Planaidh gus cothroman taigheadais is gnothachais a chruthachadh, a' gluasad air falbh bhon chuimse air stoc. Feumaidh croitearan a bhith air an cumhachdachadh gus an coimhearsnachdan a chuideachadh, agus feumaidh gnìomh dhlestanasan a phrìomhachadh. Mhìnich Coimiseanair Campbell gur e a lèirsinn sgioba de 15 luchd-obrach a bhith ag obair airson 5 bliadhna gus dèiligeadh ris na trioblaidean an lùib còmhnaidheachd agus cleachdadh fearainn. Bu chòir seo a ghoireasachadh bho bhuidseat air leth gus dèiligeadh ris an duilgheadas an lùib daoine a' cumail fearann agus gun a bhith ga chleachdadh, agus bu chòir don Choimisean cuimseachadh air daoine a chumail suas ann an coimhearsnachdan. Ach gu làithreach, tha am buidheann ro bheag airson diofar a dhèanamh. Air a ghoireasachadh gu ceart ge-tà, dh'fhaodadh an Coimisean an riaghaltas a chuideachadh gu a lèirsinn a thaobh croitearachd a choileanadh.

A thaobh fearann ionaltraidh, bha Coimiseanair Campbell a' faireachdainn nach robh gu leòr ga dhèanamh le nì a bha na so-mhaoin cho mòr. Dh'fhaighnich e dè thathar a' dèanamh an aghaidh luchd-earrannan neo-ghnìomhach. Mu structaradh a-staigh air a' bhuidhinn, mhol e gun deigheadh an Coimisean a roinn, le oifisean ann an Ulapul agus Steòrnabhagh, a chruthaicheadh lèirsinn eadar-dhealaichte leis fhèin.

Thug an Neach-gairm taing do na h-uile airson am meòrachaidhean brosnachail, agus dh'aontaich e gun deigheadh beachdachadh air na molaidhean a chaidh a thogail agus gun deigheadh tilleadh chun an deasbaid.

6 AITHISG NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Ùr-fhiosrachadh bho Malcolm Mathieson

Thug Coimiseanair Mathieson na buill tro na prìomh phuingean a chòmhaich a' chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais aig a' choinneamh air 23 Faoilleach 2020. Mhìnich e gun deigheadh ceisteachan fèin-mheasaidh a chur a-mach a dh'aithghearr agus chuir e ìmpidh air gach neach a lìonadh oir seallaidh e aomadh chleachdaidhean thar ùine.

Mhìnich e gun deach prìomh phoileasaidhean cunntasachd a sgrùdadh leis a' chomataidh agus gun do bheachdaich a' chomataidh air aithisg bho na h-in-sgrùdair, Scott-Moncrieff, no tomhaisean gèillidh GDPR. Bha an sgrùdadh deimhinneach agus thug e barantas don Choimisean air an dòigh a chaidh GDPR a phlanadh agus a làimhseachadh leis a' Choimisean, le grunn raointean de dheagh chleachdadh air an comharrachadh.

Mhol Coimiseanair Mathieson am Plana Sgioba-obrach, a chaidh a dheasbad aig a' choinneamh agus san robh Plana Leantainneachd a-nis. Chaidh seo air post-d chun a' Bhùird. Bha e airson a thoirt gu aire nan Coimiseanairean gun robh cunnart 'dearg'

anns a' chlàr cunnairt obrachail, mu thimcheall fulangas a thaobh na sgioba IS agus CIS. Tha an Ceannard Didseatach is Leasachaidh a' coimhead ri dòighean air an cunnart a lasachadh, ach tha e a' fuireach aig ìre àrd.

Bha a' chomataidh air a thoirt fa-near ann an aithisg ràitheil nan Gearanan, aomadh leantainneach sìos ann an gearanan.

Airson na bliadhna làithreach, tha ro-innse buidseit a' Choimisein ag ràdh gum bi e cothromach, agus mar thoradh air draghan buidseit am-bliadhna, 's ann a tha am buidheann ri mholadh airson na h-ìre gnìomhaidh a chaidh a choileanadh. Chuir Coimiseanair Mathieson cuideam air an fheum aig Coimiseanairean air iarrtasan T&S a chur a-steach ann an deagh àm, gus an urrainnear am pàigheadh sa bhliadhna làithreach. Mhìnich e nach robh am Plana Ionmhasail Meadhan-Teirm air a sgaoileadh fhathast gu Coimiseanairean, ach tha e ann an dreach agus thèid a chuirteachadh aon uair 's gun tèid earrannan eile a chur ris agus gu bheil fios air buidseat 2020/21.

(b) Dreach Geàrr-chunntas bho 23 Faoilleach 2020

An dèidh ceist mun bhuidseat, chaidh a dhaingneachadh mura tèid am buidseat a mheudachadh, gum biodh sin dìreach mar ghearradh sa bhuidseat, oir dheigheadh tuarastal suas agus cuideachd tabhartasan peinnsein. A thaobh ceist mu chosgaisean glanaidh, chaidh a mhìneachadh gun robh iad sin air a dhol suas ann an 2019/20, mar thoradh air cunnradh ùr a bhuileachadh. Ach, thathar a' sùileachadh gun till iad sin gu ìre nas àbhaistich an-ath-bhliadhna.

(c) Comharran Coileanaidh Q3

Chaidh iad sin a chur air adhart airson fiosrachadh, gun bheachdan sam bith.

(d) Dreach buidseit 2020-2021

Thig fiosrachadh mun dreach buidseit gun choinneamh Bùird sa Mhàrt airson aonta. Tha coinneamh AFC a bharrachd gu bhith ann cuideachd gus am buidseat a dheasbad tràth sa Mhàrt.

7 CLÀR CUNNAIRT RO-INNLEACHDAIL

Bha lethbhreacan aig Coimiseanairean den chlàr. Mhìnich an CEO gun robh an sgòradh do gach nì a' fuireach mar a bha e. Mhìnich e gun robh an sgòr cunnairt do Chroitearachd san àm ri teachd air fuireach mar a bha e, oir bha seo mar chiumse airson obair thar nam mìosan ri teachd.

8 DREACH PLANA GNOTHACHAIS

Chuir an CEO am pàipear an aithne, a' mìneachadh gun tig an tionndadh deireannach chun a' Bhùird airson aonta sa Mhàrt. Dh'iarr e air Coimiseanairean beachdachadh air an dreach agus beachdan a chur air post-d ro dheireadh na mìosa, a' mìneachadh nach eil na ceumannan coileanaidh air atharrachadh mòran oir tha e cudromach sùil a chumail air aomadh chleachdaidhean. Tha ceum a bharrachd air a chur ris an earrann ionaltraidh. Tharraing an CEO aire gu na Clachan-mìle agus dh'iarr e in-chur orra sin agus dhaingnich e an fheum air beachdachadh air a' mhion-fhiosrachadh do Bhuil 3 agus 4, gu h-àraid croitearachd san àm ri teachd. Tha clachan-mìle gu math mòr an seo. Chaidh aontachadh gun deigheadh gu leòr ùine a chur mu seach aig coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt airson làn dheasbad air a' Phlana.

9 STIÙREADH/AMHARC AIR PÀIPEARAN A' BHÙIRD

Mhìnich an CEO gu bheil dà thaobh de phàipearan a' Bhùird air am feum an Coimisean co-dhùnadh; aon a thaobh na ceist mu leth-bhreacan clò-bhuailte agus eileagtronaigeach de phàipearan a' Bhùird agus an taobh eile mun t-seòrsa de phàipearan eileagtronaigeach a dheigheadh a chleachdadh, nan deigheadh idir.

Bha a' chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais ag obrachadh gu math a' cleachdadh dìreach pàipearan didseatach, ach mheòraich an CEO gun robh seo na bu doirbhe do bhuidheann mòr a bha a' coinneachadh gu poblach. Mhol e leantainn air adhart le App airson pàipearan didseatach ach bha beagan mholaidhean aige airson a dhèanamh nas fhasa an toirt gu buil, leithid seachnadh a' phrìomh lethbhreac le àireamhan duilleig a' ruith bho thoiseach gu deireadh, a tha a' cosg ùine am fòrmatadh agus an toirt gu buil, agus pàipearan fa leth àireamhaichte a thoirt seachad nan àite. Stadadh sinn cuideachd a' clò-bhualadh lethbhreacan a bharrachd airson coinneamhan ach pàipearan a thaisbeanadh air an làrach-lìn ro na coinneamhan, taobh ri taobh le clàr-obrach na coinneimh.

Chaidh seo aontachadh.

Bha dragh ann gun robh an Coimisean air co-dhùnadh coitcheann a dhèanamh gluasad gu pàipearan eileagtronaigeach gus cuideachadh le targaidean àrainneachdail Riaghaltas na h-Alba a choileanadh, agus cha robh gach neach a' cumail ris an seo. Ach, chaidh gabhail ris gun robh e cudromach comas a thoirt do gach neach cur ri na coinneamhan agus mar sin bha feum air a bhith mothachail. Is e am prìomh chleachdadh gun deigheadh pàipearan eileagtronaigeach ùisneachadh. Chaidh aontachadh cuideachd na sgrìonaichean mòra a bha rim faotainn sna seòmraichean coinneimh fheuchainn a-mach, airson pàipearan a thaisbeanadh aig coinneamhan Bùird.

Thug an Ceannard Didseatach is Leasachaidh seachad taisbeanadh an uair sin air na diofar roghainnean airson pàipearan amharc gu didseatach, a' mìneachadh nan leanadh an Coimisean a' cleachdadh an App làithreach, gum biodh cosgais de ghrunn mhiltean sa bhliadhna na lùib. Bha dragh ann nach robh seo air a bhith soilleir nuair a chaidh deasbad aig an toiseach air gluasad gu roghainn dhidseatach. Ach, bha an Ceannard Didseatach is Leasachaidh comasach air tionndadh eile a thaisbeanadh, a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn gun chosgais sam bith. Is e OneNote an t-ainm air an tionndadh seo agus tha e ri fhaotainn air clis-fònaichean, iPadan agus laptopan.

Dh'aontaich Coimiseanairean gluasad gu cleachdadh air OneNote mar fhuasgladh air pàipearan Bùird didseatach agus a chleachdadh cuideachd airson pàipearan choinneamhan obair-cùise Ìre 3. Chaidh aontachadh fheuchainn a-mach agus gum biodh trèanadh coitcheann airson a chleachdadh ri fhaotainn le Coimiseanaire sam bith a bhiodh ga iarraidh. Dhaingnich an CEO gun robh seo a' riochdachadh ath-sgrùdadh a' Bhùird air co-dhùnadh nas tràithe.

A thaobh chonaltraidhean, chaidh ìmpidh a chur air Coimiseanairean cuimhneachadh air puist-d bho luchd-obrach a fhreagairt. Bheachdaicheadh oifigearan air ceist eile mu chonaltraidhean air fònaichean neo-Coimisean agus na cunnartan an lùib stòradh air Cloud.

10 ROINNEAN TAGHAIDH CROITEARACHD

Chuir an Ceannard Poileasaidh am pàipear an aithne, a' toirt cùl-fhiosrachadh do na Coimiseanairean. Chaidh an co-dhùnadh roimhe leis a' Bhòrd a mhìneachadh còmhla ris an fhreagairt bhon Roinn Urrasachd, a thuirt gum feumadh atharrachadh sam bith co-chomhairleachadh poblach eile. Chaidh a thoirt fa-near gun robh aon de na freagairtean don cho-chomhairleachadh mu dheireadh bho Choimisean nan Crìochan

Taghaidh, a bha air a ràdh gu bheil na crìochan taghaidh croitearachd nas ìsle na a' cho-ionannachd taghaidh a tha iadsan a' cur an gnìomh san obair aca fhèin. Gu riatanach, tha seo a' ciallachadh gu bheil dà thrian den luchd-bhòtaidh a' faighinn aon-trian den riochdachadh.

Thuirt an CEO gu bheil ùine airson seo a thogail le Riaghaltas na h-Alba a' fàs goirid, mar sin tha co-dhùnadh gu math deatamach. Bha an reat fhreagairtean bhon cho-chomhairleachadh mu dheireadh gu math ìosal ach chan eil sin neo-àbhaisteach ann an co-chomhairleachadh teicnigeach mar seo.

Mhìnich an CEO cuideachd gur dòcha nach biodh feum air reachdas ùr airson na h-àireimh de roinnean-taghaidh atharrachadh, oir dh'fhaodadh seo a bhith dèante le Riaghladh.

Thàinig dragh bho Choimiseanairean gun robh cùis air a cur mar-thà gun Roinn Urrasachd agus cha robh dad air tachairt agus gu bheil cunnartan an lùib seasamh ro-dhearbhte a ghabhail ro cho-chomhairleachadh. Ach, dh'ath-aithris Coimiseanairean am beachd gum biodh roinnean-taghaidh nas co-rèireach ion-mhiannaichte.

An dèidh tuilleadh deasbaid, chaidh aontachadh sgrìobhadh chun a' Mhinistear, a' mion-fhiosrachadh na cùise airson gluasad gu 7 roinnean-taghaidh.

11 LEASACHADH CROITEARACHD – DREUCHD DON CHOIMISEAN?

Chuir an CEO an nì an aithne, a' mìneachadh gum biodh barrachd tìde airson a' chuspair shusbainteach seo a bheachdachadh, aig coinneamh a' Mhàirt. Gu ruige seo, cha robh co-dhùnadh dèante leis an riaghaltas ach feumaidh an Coimisean a bhith ullachadh agus modh-obrach aontaichte a bhith aca a thaobh seo.

Bha an CEO air grunn chinn a mhìneachadh gus smuaintean a bhrosnachadh a thaobh mar a dh'fhaodadh dreuchd leasachaidh don Choimisean a bhith ga coileanadh. Dh'fhaodadh sin a bhith a' ciallachadh:

- obair dhleastanasan meudaichte
- dreuchd foghlaim
- obair air a' chlàr-gnothaich àrainneachdail/càrbon neodrach
- leantainneachd agus tionndadh air croitean gu luchd-inntrigidh ùr/daoine òga
- cruthachadh chroitean ùra
- cuideachadh le branndadh toradh croite.

Rinn Coimiseanairean deasbad air an fheum air a dhèanamh cinnteach gum biodh dreuchd sam bith sam biodh an Coimisean an sàs air a ghoireasachadh ceart, airson ceadachadh don obair a bhith dèante gu math agus gun suidheadh an dreuchd gu h-ìomchaidh leis a' Choimisean seach buidheann eile. Dh'fheumadh pàirt den seo a bhith mu dheidhinn solarachadh ais-fhiosrachadh don riaghaltas a thaobh far a bheil na beàrnan làithreach, ach chaidh aontachadh gum feum molaidhean sam bith bhon Choimisean a bhith air an cosgadh agus stèidhichte air buil, le tomhasan co-cheangailte agus gun deigheadh beachdachadh air obair com-pàirteachais.

Rinn Coimiseanairean deasbad air an fheum a bhith làidir le lèirsinn shoilleir, ach dh'fheumadh fios a bhith air smuaintean an riaghaltais agus an seòrsa ghoireasan a bhiodh rim faotainn. Às aonais an t-seòrsa fiosrachaidh seo, bhiodh e doirbh breithneachaidhean fiosrachail a dhèanamh. A thaobh ceist mum biodh feum air atharrachadh reachdail nan coileanadh an Coimisean a dhreuchd leasachaidh a-rithist, bhathar a' faireachdainn nach bu chòir seo a bhith riatanach a rèir dleastanas na h-Achd làithreach. Dhaingnich an CEO, an dèidh deasbad brioghmhor sa Mhàrt, gum biodh moladh sam bith air a dhaingneachadh leis a' Bhòrd mus deigheadh a chur a-steach don Roinn Urrasachd.

12 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh den Choimisean anna n Taigh a' Ghlinne Mhòir air 19 Màrt 2020 agus dheigheadh an latha Ro-innleachd a chleachdadh airson deasbadan brìoghmhor.

13 GSBE

Cha robh gnothaich deatamach sam bith ann.

Dh'fhàg am Manaidsear Conaltraidh aig àm lòn.

14 TOIRMEASG MHEADHANAN IS POBALL

Thug an Neach-gairm taing do na h-uile airson com-pàirteachadh sa choinneamh agus dhùineadh a' choinneamh aig 2.05f, ag iarraidh gum biodh deagh mholaidhean a fhuairadh o chionn ghoirid mu sheirbheis mhath theachdaichean, a chur air adhart gu luchd-obrach.